

# *Litir do Luchd-Ionnsachaidh*

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk) \**

Air an t-seachdain seo ann an ochd-deug, ceathrad 's a h-ochd (1848), chaochail Iain MacCoinnich, pìobaire, bàrd is ùghdar a bhuineadh do sgìre Gheàrrloch. Tha e ainmeil fhathast oir is esan am fear a chuir ri chèile an cruinneachadh de bhàrdachd Ghàidhlig air a bheil *The Beauties of Gaelic Poetry: Sàr-obair nam Bàrd Gaidhealach*. Gu tric, nuair a bhios daoine a' bruidhinn mun leabhar seo, canaidh iad dìreach “Sàr-obair” ris. Tha mi an dòchas gu bheil sibh a' tuigsinn gu robh Iain a' sanasachd bàrdachd le bàird eile anns an leabhar aige mar “sàr-obair”. Chan ann a' moladh a chuid obrach fhèin a bha e!

Rugadh Iain MacCoinnich, Iain Mac Alasdair Òig, ann an ochd-deug 's a sia (1806) ann am Meallan Theàrlaich, baile beag air cladach a tuath Loch Iùbh far an robh athair na charaid agus fear-taca don uachdaran. Fhuair e a chuid foghlaim, an toiseach aig an taigh, agus an uairsin aig an sgoil ann an Geàrrloch. Nuair a bha e òg, dhearbhadh e gu robh e gu math mòr air ceòl, agus rinn e fidheall agus pìob mhòr dha fhèin. Bha e math dha-rìreabh air a' phìob agus air grunn ionnstramaidean eile.

Bha dithis, air an robh Uilleam Ros mar ainm, gu bhith a' toirt buaidh mhòr air beatha Iain. B' e a' chiad Uilleam saor a bhiodh ag obair air feadh na sgìre. Thug esan cosnadh do dh'Iain, agus dh'obraich iad còmhla gu dòigheil. Fhad 's a bha e ag obair mar shaor, ge-tà, thòisich Iain air rudeigin a chòrd ris fada na b' fheàrr. B' e sin a bhith a' cruinneachadh òrain is bàrdachd.

Là a bha seo, bha Iain ag obair le pìos mòr fiodha anns a' mhansa ann an Geàrrloch. Dh'fhulaing e buille mhòr air a cheann. Cha deach e a-riamh am feabhas buileach as dèidh sin, agus sguir e a chuid obrach mar shaor. Agus, ann an dòigh, is math gun do sguir, oir thòisich e air cruinneachadh a dhèanamh de na dàin aig a' bhàrd ainmeil, a bhuineadh don sgìre aige, Uilleam Ros nach maireann. B' e sin an dàrna Uilleam Ros a thug buaidh air. Fhuair Iain a' chuid a bu mhò de dh'òrain Rois bho bhàrd eile à Geàrrloch a bha eòlach air Ros nuair a bha e beò – Alasdair Buidhe Mac Iomhair.

Cha robh comas sgrìobhaidh aig Alasdair Buidhe ann, ach bha cuimhne air leth aige, agus dh'aithris e dàin Uilleim Rois do dh'Iain MacCoinnich, a dh'fhoillsich an leabhar *The Poems of William Ross* ann an ochd-deug is trithead (1830). Lean MacCoinnich air le bhith a' cruinneachadh dàin is òrain bho air feadh na Gaidhealtachd, agus dh'fhoillsich e *Sàr-obair* ann an ochd-deug, ceathrad 's a h-aon (1841).

Chaidh e a dh'fhuireach ann an Glaschu, agus rinn e tòrr eadar-theangachaidh ann a sin, a' cur leabhraichean Beurla, leithid *Pilgrim's Progress*, ann an Gàidhlig. 'S e a sgrìobh am pàirt Beurla gu Gàidhlig dhen fhaclair le MacAlpàin agus MacCoinnich, agus thug e taic

do mhinistearan, nach robh cho math ris air a' Ghàidhlig, a' sgrìobhadh searmonan dhaibh anns a' chànan. Nuair a chaochail e, bha e ag obair air iris ùr dhen Bhìoball Ghàidhlig.

Cha robh a chuid shlàinte uabhasach math mu dheireadh, agus chaidh e air ais don sgìre aige fhèin, ceithir bliadhna deug as dèidh dha falbh. Chaochail e ann an Inbhir Iùbh aig aois ceathrad 's a dhà (42). Rinn Iain MacCoinnich mòran airson ar cultair agus ar cànan agus tha e math gu bheil daoine ga chuimhneachadh fhathast.

\* \* \*

**Faclan na seachdainne:** ùghdar: *author*; Meallan Theàrlaich: *Mellon Charles*; Loch Iùbh: *Loch Ewe*; ionnstramaid: *instrument*; Uilleam Ros: *William Ross*; cosnadh: *employment*; dàn, dàin: *poem, poems*; Alasdair Buidhe MacIomhair: *yellow-haired Alasdair Campbell (MacIomhair being the Gairloch equivalent of Campbell)*; eadar-theangachadh: *translation*; searmonan: *sermons*.

**Abairtean na seachdainne:** chaochail Iain MacCoinnich: *John Mackenzie died*; Sàr-obair nam Bàrd Gaidhealach: *the master work of the Gaelic bards*; gu robh Iain a' sanasachd bàrdachd le bàird eile: *that John was advertising poetry by other poets*; chan ann a' moladh a chuid obrach fhèin a bha e: *he wasn't praising his own work*; far an robh athair na charaid agus fear-taca don uachdaran: *where his father was a relative and tacksman of the laird*; gu robh e gu math mòr air ceòl: *that he was very fond of music*; rinn e fidheall agus pìob mhòr dha fhèin: *he made himself a fiddle and a set of bagpipes*; b' e a' chiad Uilleam saor: *the first William was a joiner*; cha robh comas sgrìobhaidh aig X ann: *X could not write*; bha cuimhne air leth aige: *he had a fantastic memory*; lean MacCoinnich air: *Mackenzie continued*; thug e taic do mhinistearan nach robh cho math ris air a' Ghàidhlig: *he helped ministers whose Gaelic wasn't as good as his*; tha e math gu bheil daoine ga chuimhneachadh fhathast: *it is good that people still remember him*.

**Puing-ghràmar na seachdainne:** Cha deach e a-riamh am feabhas buileach as dèidh sin: *he never fully recovered after that. I would like to tell you a little bit about the word feabhas this week. It is generally given in modern dictionaries as a noun (genitive feabhais) meaning "improvement, convalescence, excellence". However, older grammarians considered it to be a "third comparative" of the adjective math (good). It is always used with the verb rach ("go") eg chaidh i am feabhas (she got better), tha iad a' dol am feabhas (they are improving), cha tèid e am feabhas anns an ospadal sin (he won't get better in that hospital). In theory third comparatives exist for every adjective and they are used in the same way, with rach. In regular adjectives, they are formed by adding -ad to the first comparative. The first comparative of dearg (red) is deirge (redder) – you might say tha sin nas deirge na seo [that's redder than this]. Therefore, the third comparative is deirgead. Chaidh iad an deirgead means "they got redder and redder". In reality, today, the third comparative is only commonly used with three adjectives apart from math (feabhas): the regular daor eg chaidh peatral an daoiread (petrol got more and more expensive) and the irregular beag (lughad) – tha fònaichean làimhe a' dol an lughad (mobile phones are getting smaller and smaller) and dona (miosad) – tha na seirbheisean rèile a' dol am miosad (the rail services are getting continually worse).*

**Gnàths-cainnt na seachdainne:** 'S e a sgrìobh [am pàirt Beurla gu Gàidhlig dhen fhaclair]: *it's him that wrote [the English-Gaelic section of the dictionary]. This structure puts the emphasis on him.*

\* "Litir do Luchd-Ionnsachaidh" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig